

## Ceistean



**Thoir sùil air a’ chiad pharagraf.**

**“A’ Ghealaich Ghil...”**

**1. (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh a tha an sgrìobhadair a’ cleachdadh an seo?**

*Pearsanachadh*

**(b) Ciamar a tha an cleas-sgrìobhaidh seo èifeachdach?**

*Tha am pearsanachadh seo èifeachdach oir tha e a’ daingneachadh beachd gu bheil a’ ghealach ‘beò’ ann an saoghal os-nàdarrach agus dìomhair, agus mar sin, gu bheil cumhachdan sònraichte aice. Tha an guth aithriseach a’ bruidhinn ris a’ ghealaich agus tha seo a’ toirt fa-near dhuinn gu bheil buadhan mac an-duine aig a’ ghealaich anns an sgeulachd seo.*

**Thoir sùil air an dàrna paragraf.**

**2. Thoir seachad abairt a tha a’ toirt fa-near gu bheil miann aig Claude an t-airgead aige a chosg?**

*Bha tòrr dholairean Ameireaganach a’ losgadh toll na phòca.*

**3. “Bha e a’ coiseachd gu stràiceil”**

**Ciamar a tha am facal “stràiceil” èifeachdach an seo?**

*Tha e a’ toirt fa-near dhuinn an seòrsa nàdair a th’ aig Claude, agus mar a tha e a’ faireachdainn aig an àm seo. Tha e làn fèin-mhisneachd agus tha seo follaiseach bhon*

dòigh anns a bheil e a' coiseachd. Ma dh'fhaoidte gun robh am pailteas airgid a bh' aige ga fhàgail làn fearas mhòr. Gun teagamh sam bith, bhiodh a' mhòr-chuid de dhaoine mun cuairt air (a mhàthair nam measg) a' fulang le cion airgid. Tha seo a' fàgail nach eil an leughadair a' faireachdainn ro mheasail air Claude aig an ìre seo san sgeulachd. Cuideachd, bha fios aig Claude far an robh e a' dol – bha e a' feuchainn air dannsa ann an Port au Paix, agus bha fadachd air faighinn ann.

**4. (a) Ciamar a tha am puingeachadh a' toirt fa-near dhan leughadair gu bheil teaghlach Claude beò ann am bochdainn?**

Tha an t-ughdar a' cur an fhacail 'an taigh' ann an cromagan. Tha seo a' toirt fa-near dhuinn gur ann air èiginn a b' urrainnear a ràdh gur e 'taigh' a bh' ann. Chan e mòran de 'thaigh' a th' ann – san t-seadh anns a bheilear a' tuigsinn an fhacail seo.

**(b) Ciamar a tha an taghadh fhacail a' toirt fa-near dhan leughadair gu bheil teaghlach Claude beò ann am bochdainn?**

Tha an t-ughdar a' toirt dhuinn dealbh soilleir air coltas an 'taighe' aca nuair a tha e ag ràdh gur e "brùchlaig bothaig" a th' ann. Tha am facal "brùchlaig" a' toirt oirnn smaointinn air togalach nach eil seasmhach agus a tha a' tuiteam às a chèile. Tha am facal "bothag" a' togail dealbh air taigh a tha uabhasach fhèin beag agus a tha nas coltaiche ri seada na taigh. Tha am facal 'bothag' tric air a chleachdadh nuair a thathar a' bruidhinn air seada beag far am bithear a' cumail chearcann. Tha an dà fhacal seo a' tòiseachadh leis an aon litir, agus tha sin a' ciallachadh gun urrainnear an cantainn luath agus tha seo a' dèanamh dìmeas air an 'taigh', mas fhìor nach d' fhiach e eadhon bruidhinn air.

**Thoir sùil air paragraf 4**

**"Tha na speuran gan togail fhèin an-àird, agus a' tionndadh an dath gu tuar bainne na bà"**

**5. (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh ann an seo?**

Pearsanachadh

**(b) Ciamar a tha an cleas-sgrìobhaidh seo èifeachdach?**

Tha e èifeachdach oir tha e a' toirt oirnn creidsinn gu bheil cumhachd aig na speuran. 'S e beachd thoinnte a tha seo oir, ann an dòigh, tha cumhachd aig na speuran, leis nach eil smachd againn air rudan os ar cionn – an aimsir, a bheil i dorcha no soilleir

*msaa. Ach, san fharsaingeachd, chan eilear a' bruidhinn mu na speuran san dòigh seo – gu bheil iad 'gan togail fhèin'. Mar sin, le bhith a' toirt dhaibh nam buadhan seo, tha e a' fighe a-steach ris an fhaireahdainn os-nàdarach a tha a' ruith tron sgeulachd air fad.*

**“an cuan mòr mar neamhnaid bideag seachad air na cnuic”**

**6. (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh an seo?**

*similidh*

**(b) Ciamar a tha an cleas-sgrìobhaidh seo èifeachdach?**

*Tha seo èifeachdach seach gu bheil a' mhuir daonnan air a samhlachadh le neamhnaid. 'S e rudan ainneamh agus prìseil a tha ann an neamhnaid a tha rim faighinn sa mhuir. Tha an ìomhaigh seo a' toirt dealbh don leughadair air an t-sealladh àlainn a tha Claude a' faicinn na inntinn. Tha an dealbh snog den mhuir a' toirt fa-near dhuinn na cofhurtachd a tha Claude a' faotainn bho na rudan nàdarra a tha mun cuairt air, leithid a' mhuir.*

**Thoir sùil air paragraf 5**

**“Ach ... tha aon bheachd-smuain ga fhàgail iomagaineach”**

**7. (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh an tha an t-ùghdar a' cleachdadh an seo?**

*Eilipsis*

**(b) Ciamar a tha an cleas-sgrìobhaidh seo èifeachdach?**

*Tha an cleas-sgrìobhaidh seo èifeachdach oir tha e a' toirt air an leughadair stad agus beachdachadh air na tha a' dol a thachairt san sgeulachd. Gu ruige seo, tha am prìomh character, Claude, air a bhith air leth toilichte le bheatha. Tha am facal 'Ach', le eilipsis às a dhèidh a' toirt fa-near dhuinn gu bheil atharrachadh a' dol a thighinn ann an staid inntinn Claude.*

**“Tha aon bheachd-smuain ga fhàgail iomagaineach, ge-tà: Adrienne.”**

**8. (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh an tha an t-ùghdar a' cleachdadh an seo?**

*Puingeachadh (còilean)*

**8. (b) Ciamar a tha an cleas-sgrìobhaidh seo èifeachdach?**

*Tha seo èifeachdach a chionn 's nach eil e tric a' nochdadh ann an sgeulachd ghoirid oir tha e nas coltaiche ri puingeachadh a bhiodh ann an sgrìobhadh foirmeil. Tha an sgrìobhadair ga chleachdadh airson iomagain Claude a thoirt fo chomhair an leughadair. A thuilleadh air an ro-ràdh anns a' chiad pharagraf, seo a' chiad turas a tha ainm Adrienne a' nochdadh san sgeulachd. Tha e cudromach gu bheil a h-ainm a' nochdadh às dèidh còilean oir tha e a' toirt buaidh shònraichte dhan character aice. Tha an còilean a' toirt air an leughadair stad, agus tha sin a' togail ar n-ùidh. Le seo, thathar a' tuigsinn gu bheil car a' tighinn san sgeulachd – gu ruigse seo, tha Claude air a bhith toilichte, ach a-nis, thathar a' faighinn a-mach ann am beagan fhaclan, nach e a-mhàin gu bheil iomagain air, ach gur e Adrienne an t-adhbhar airson sin.*

**Thoir sùil air paragraf 5****9. Dè tha sònraichte mun dòigh anns a bheil am paragraf seo a' tòiseachadh?**

*Aig toiseach a' pharagraf seo, tha an sgeulachd air aithris le guth eile – guth a tha a' bruidhinn dìreach ri Claude, a' mìneachadh dha gu bheil e air mearachd a dhèanamh le bhith a' seachnadh Adrienne. Tha an t-ùghdar a' toirt gu ar n-aire gu bheil buaidh mhòr gus a bhith aig an seo air na thachras sa chòrr den sgeulachd. Leis gu bheil a' tuigsinn gur e bana-bhuidseach a th'ann an Adrienne, dh'fhaodadh gur e a guth-se a tha a' libhrigeadh na sgeòil an seo. Chan e gu bheil i a' bruidhinn ri Claude san aodann, ach gu bheil i a' sealltainn air Claude agus a' beachdachadh air na tha i a' dol a dhèanamh mar pheanas agus ath-dhioladh airson a bhith ga seachnadh.*

**10. “oidhche a dhunaidh”****Mìnich na tha thu a' tuigsinn bhon abairt seo.**

*Tha an abairt seo a' cur nam chuimhne Oidhche Shamhna – an oidhche a tha an saoghal againne agus an saoghal os-nàdarrach cho faisg air a chèile 's gum faod rudan draoidheil no olc tachairt. Tha an abairt ‘oidhche an dunaidh’ a' ciallachadh gu bheil droch rud a' dol a thachairt air an oidhche seo.*

**“boireannach a tha beò air aon adhbhar; los gum bi i a’ frithealadh nam marbh”**

**11. (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh an tha an t-ùghdar a’ cleachdadh an seo?**

*ogsamoron*

**(b) Ciamar a tha an cleas-sgrìobhaidh seo èifeachdach?**

*Tha e èifeachdach leis gu bheil e a’ daingneachadh an fhaireachdainn a tha a’ ruith tron sgeulachd gu bheil ceangal os-nàdarrach eadar nithean a tha beò agus nithean a tha marbh. Gun teagamh sam bith, leis gu bheil a’ fàgail oirre gur e bana-bhuidseach a th’ innte, ’s i Adrienne a tha a’ ceangal an dà rud.*

**Thoir sùil air paragraf 8.**

**12. (a) Dè tha sònraichte mu chruth nan seantansan sa pharagraf seo?**

*Tha a’ chiad dà seantans uabhasach fhèin goirid – dìreach facal no dhà.*

**(b) Ciamar a tha an cleas-sgrìobhaidh seo èifeachdach?**

*Tha e èifeachdach a chionn ’s gu bheil e a’ toirt air an leughadair stad agus beachdachadh air na faclan sin gu sònraichte. Tha an stad-phuing agus an t-sàmhchair san sgeulachd a’ riochdachadh na tha a’ tachairt san sgeulachd – tha Clade a’ stad airson ag èisteachd ris na tha a’ dol air adhart. Tha an dà seantans ghoirid seo a’ riochdachadh car san sgeulachd; tha rudeigin às ùr a’ dol a thachairt agus chan eil fios aig Claude, no aig an leughadair dè th’ ann. Tha an t-sàmhchair a th’ againn aig toiseach a’ pharagraf seo, ann an dearg-choimeas ri fuaim na drumaireachd a bha ann an cluasan Claude aig deireadh a’ pharagraf roimhe seo.*

**“Gu fann, cluinnidh e siosarnaich”**

**13. (a) Dè an cleas-sgrìobhaidh a tha air a chleachdadh ann an seo?**

*Facal anns a bheil fuaimealas.*

**13. (b) Ciamar a tha an cleas-sgrìobhaidh seo èifeachdach?**

*Tha e èifeachdach a chionn ’s gu bheil fuaim cudromach san earrainn seo den sgeulachd; tha Claude air a bhith a’ cluinntinn fuaim drumaireachd, agus a-nis tha e air a chuirteachadh le sàmhchair – a h-uile dad seach fuaim an t-siosarnaich seo. Tha buaidh shònraichte aig an fhacal ‘siosarnaich’ – chan ann a-mhàin a chionn ’s gur e facal le fuaimealas a th’ ann, ach gu bheil am facal seo cha mhòr an-còmhnaidh*

*a' toirt oirnn smaointinn air nathair. Tha seo cudromach don sgeulachd air fad los gu bheil nathair daonnan a' samhlachadh olc, no mealladh de sheòrsa air choreigin. Cuideachd, air sàillibh an àite a th' aig nathair ann an sgeulachd Àdhamh agus Eubha san t-Seann Tiomnadh, thathas a' dèanamh ceangal eadar nathair agus boireannach a bhith a' tàladh agus a' feuchainn ri mealladh. Tha seo freagarrach san t-seadh 's gu bheil Adrienne a' feuchainn ri buaidh fhaighinn air Claude agus làmh-an-uachdair fhaighinn air a' bhoireannach eile.*

**Thoir sùil air paragraf 10.**

**14. Nad fhaclan fhèin, mìnich mar a tha Claude ga dhìon fhèin bho ionnsaigh na muice?**

*Tha e a' gearradh cas-aghaidh na muice, faisg air a' bhonn, le sgian a bh' aige na phòcaid. Tha seo a' cur ruaig air a' mhuic, agus tha i a' teiche.*

**Thoir sùil air paragraf 11.**

**“Tha am fuaim nas coltaiche ri caoineadh boireannaich”**

**15. Dè tha an t-ùghdar a' feuchainn ri thoirt fa-near dhuinn leis na briathran seo.**

*Gu bheil rudeigin neo-àbhaisteach mun mhuic seo. Gur e Adrienne a tha air i fhèin a chur ann an riochd muic.*

**16. Cò dha a tha Claude a' mothachadh nuair a tha e a' cìreadh a ghruaig?**

*Gu bheil am falt a' tuiteam às.*

**Thoir sùil air paragraf 17**

**“Tha i a' dèanamh gàire mar a dhèanadh nathair”**

**17. Ciamar a tha an samhla de ghàire Adrienne èifeachdach?**

*Tha e èifeachdach gu bheil Adrienne 'mar nathair', oir bidh nathair daonnan a' samhlachadh olc. 'S e bana-bhuidseach a tha ann an Adrienne agus, mar sin, tha ceangal aice ri rudan olc. Cuideachd, air sàillibh an àite a th' aig nathair ann an sgeulachd Àdhamh agus Eubha san t-Seann Tiomnadh, thathas a' dèanamh ceangal eadar nathair agus boireannach a bhith a' tàladh agus*

*a' feuchainn ri fireannach a mhealladh.*

**Thoir sùil air an loidhne mu dheireadh.**

**18. (a) Dè tha Claude a' mothachadh mu làimh Adrienne?**

*Gu bheil i a' cumail a làmhan air a cùl, ach nuair a shìneas i a-mach a làmh, tha e a' mothachadh gu bheil bann geal de dh'anart timcheall air caol a dùirn.*

**(b) Dè tha seo ag innse dhuinn mu na thachair san sgeulachd roimhe seo?**

*Gur i Adrienne a bha ann an riochd muic agus a' feuchainn ri stad a chur air Claude bho dhol chun an dannsa. Gheàrr Claude i le sgian faisg air cròidhean na muice, agus a-nis, tha an lot sin fhathast air a làimh ged a tha i air tilleadh gu riochd boireannaich. Tha i air bann geal a chur air an lot agus sin am bann geal a tha air caol a dùirn agus a tha a' glacadh aire Claude.*

**Beachdaich air an sgeulachd gu h-iomlan**

**19. Tha an sgeulachd gu lèir air a sgrìobhadh anns an tràth làthaireil. Saoil carson a tha an t-ùghdar a' taghadh an tràth seo?**

*Tha an tràth seo a' cur ri stoidhle aithriseach na sgeulachd. Tha e air a sgrìobhadh ann an stoidhle mar gu bheil e air a h-aithris seach air a sgrìobhadh. Tha seo a' tarraing an leughadair a-steach dhan sgeulachd, is tha e a' cur ris an fhaireachdainn nach eil fhios againn na tha a' dol a thachairt agus tha fadachd oirnn gus faighinn a-mach. Thathar a' faireachdainn gu bheil a' faicinn agus a' cluinntinn na tha a' tachairt fhad 's a tha iad a' tachairt, seach dìreach a bhith ga leughadh mar rud a thachair agus a tha seachad.*

**20. Tha tòrr fhaclan Fraingis a' nochdadh san sgeulachd. Dè an doigh anns a bheil seo èifeachdach?**

*Sa chiad àite, tha an sgeulachd stèidhichte ann an Haiti agus 's e Fraingis aon de na cànanan oifigeil aca, agus mar sin tha e iomchaidh gu bheil ainmean nan caractar, ainmean-àite agus an còmhradh eadar Claude agus Adrienne ann an Fraingis. A thuilleadh air an seo, ge-tà, tha e cudromach beachdachadh nach bi comas Fraingis a leughadh aig mòran de luchd-leughaidh na sgeulachd seo. Tha seo a' cur ris an fhaireachdainn choimheach a thathas a' lorg ann an cuspair dìomhaireachd na sgeulachd seo.*

**21. Tha fuaim drumaireachd a' nochdadh dà thuras san sgeulachd (ann am paragrafan 7 agus 13) Dè tha an drumaireachd seo a' samhlachadh?**

*Tha na drumaichean a' samhlachadh rudan dìomhair, olc agus saoghal os-nàdarrach. Tha ceangal eadar drumaichean agus an creideamh vodou ann an Haiti. Tha na drumaichean a' nochdadh aig amannan sònraichte, nuair a tha car a' dol a thighinn san sgeulachd. Tha na drumaichean daonnan air an cleachdadh ann an litreachas agus ann am prògraman teilibhisean nuair a thathas a' feuchainn ri ùidh a thogail, agus airson innse gu bheil rudeigin ris nach eil dùil a' dol a thachairt.*

*Ann am paragraf 7, tha Claude a' cluinntinn nan drumaichean dìreach mus tachair am mus ris air an rathad. Agus, ann an paragraf 13, tha e a' cluinntinn nan drumaichean a-rithist, dìreach mus coinnich e ri Adrienne. Tha seo a' daingneachadh gur e samhla air olc agus dìomhaireachd a tha anns na drumaichean san sgeulachd seo.*

**22. Tron sgeulachd, tha an t-ùghdar a' toirt fa-near dhuinn mar a tha staid na h-iarmailt agus coltas nan speuran ag atharrachadh. (paragrafan 4 agus 7) Saoil dè tha an iarmailt a' samhlachadh?**

*Tha staid nan speuran agus mar a tha iad a' soilleireachadh agus a' dorchnachadh, a' samhlachadh mar a tha cumhachdan os-nàdarrach a' toirt buaidh air ar saoghal. Ann am paragraf 4, tha e a' faireachdainn "aotrom" agus air "ath-nuadhachadh". Aig an àm seo san sgeulachd, chan eil Claude a' faireachainn iomagaineach mu chàil agus chan eil Adrienne idir na buaireadh air inntinn. Tha staid nan speuran a' riochdachadh seo agus tha iad "an tuar bainne na bà." Tha atharrachadh a' tighinn air an seo ann am paragraf 13, nuair a tha e air innse dhuinn gu bheil "an iarmailt a' fàs dubh dorcha." Tha seo a' tachairt dìreach mus coinnich Claude ri Adrienne agus i ga nochdadh fhèin ann an riochd muic. Mar sin, tha na speuran, soilleireachd agus dorchnachadh a' riochdachadh nithean math agus dona agus a' chumhachd a tha aig na speuran ann an saoghal os-nàdarrach.*